



## Ceistean

Thoir sùil air Paragraf 1 gu 11.

- 1. Cò mu dheidhinn a tha Lee agus athair a' trod aig toiseach na sgeulachd? Inns nas urrainn dhut ann an 100 facal no nas lugha.**

Thoir sùil air Paragraf 2.

- 2. Carson a sguir teaghlach Lee a chluich Clach, Pàipear, Siosar còmhla ris?**

Thoir sùil air Paragraf 14.

- 3. “Cha robh anns an eilean ach prìosan”**

**Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a bha Lee den bheachd gur e prìosan a bh' anns an eilean.**

Thoir sùil air Paragraf 17.

- 4. “Dh'fhalbh ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar”**

**Carson a chaill Lee ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar?**

Thoir sùil air Paragraf 17.

- 5. “A-nis, cha chanadh e càil”**

**Carson nach biodh Lee a' bruidhinn nuair a choinnicheadh e ri daoine às ùr?**

Thoir sùil air Paragraf 18-21.

**6. Carson a dh'fhòn an sgoil gu pàrantan Lee?**

Thoir sùil air Paragraf 28.

**7. “Cha tuirt Lee càil”**

**(a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun t-seantans seo?**

**(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?**

Thoir sùil air Paragraf 32.

**8. Carson a tha Lee a' faireachdainn air chall a-nis nuair nach eil e a' cluich Clach, Pàipear, Siosar?**

Thoir sùil air Paragraf 38.

**9. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha Lee den bheachd nach e dìreach crannchur a tha sa ghèam Clach, Pàipear, Siosar?**

Thoir sùil air Paragraf 38.

**10. Dè tha Lee air mothachadh a tha sònraichte mu na rudan a bhios athair agus a mhàthair a' taghadh nuair a bhios iad a' cluich Clach, Pàipear, Siosar?**

Thoir sùil air Paragraf 39 & 40.

**11. Ciamar a tha e follaiseach aig deireadh na sgeulachd gu bheil truas aig a mhàthair ri Lee agus gu bheil barrachd tuigse aice air a mac a-nis, agus gu bheil barrachd spèis aice don ghèam Clach, Pàipear, Siosar?**